

Stiùireadh Tabhartasan Coitcheann 2026/27

Mu dheidhinn na Maoine

Tha Bòrd na Gàidhlig a' cumail taic ri iarrtas taobh-a-muigh sgeamaichean taic-airgid àbhaisteach ma tha oifigearan riarachta gum bi am pròiseact a' cur ri prìomhachasan Plana Chorporra Bòrd na Gàidhlig agus gu bheil buidseat aig Bòrd na Gàidhlig air a shon.

Ann an 2026/27, thathar den bheachd gu bheil nas lugha buidseat ri fhaighinn do chothroman mar seo an taca ri bhliadhnaichean roimhe, mar sin bidh prìomhachas air a thoirt ach a-mhàin do phròiseactan far a bheil fianais ann gum bi buaidh ro-innleachdail aca a dh' ionnsaigh [Plana Chorporra Bòrd na Gàidhlig 2023-28](#).

Airson gach iarrtas taobh a-muigh na sgeamaichean àbhaisteach, feumaidh còmhraidh a bhith ann le oifigearan Bòrd na Gàidhlig is cead a thoirt seachad airson leithid de dh' iarrtas a chur a-steach, no dh' fhaodadh an iarrtas a dhiùltadh gun measadh a dhèanamh air.

Pròiseactan a gheibhear taic

Thèid cuireadh a thoirt seachad gus iarrtas taic-airgid coitcheann a chur a-steach ma tha am pròiseact a thathar moladh a' freagairt air amasan Bòrd na Gàidhlig mar a thathar air cur an cèill sa Phlana Chorporra 2023-28 againn agus am [Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28](#). Feumaidh oifigearan a bhith riarachta cuideachd gum bi buidseat gu leòr aig Bòrd na Gàidhlig gus am pròiseact maoineachadh ma tha an iarrtas soirbheachail.

Tha sinn airson gum bi iarrtas a' sealltainn mar a bhios iad soirbheachail ann a bhith a' libhrigeadh pròiseactan a bhios ùr-ghnàthach agus a bhios a' feuchainn ri com-pàirteachasan a thogail le ùghdarrasan poblach eile, buidhnean agus coimhearsnachdan.

Bu chòir do dh' iarrtas cuideachd fa-near a thoirt mar as urrainn dhan na pròiseactan aca cur ri ro-innleachdan ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta is cudrom a' phròiseact a chur an cèill.

Ann a bhith a' measadh an iarrtais agaibh, bidh sinn a' coimhead gu sònraichte air:

- Inbhe a' phròiseict agus freagarrachd an tagraiche fhèin
- Cho dlùth 's a tha am pròiseact a' freagairt ri prìomhachasan Plana Chorporra Bòrd na Gàidhlig/Plana Nàiseanta na Gàidhlig
- Comas am buidheann agaibh am pròiseact libhrigeadh gu soirbheachail
- Neart nam planaichean agaibh gus buaidh a' phròiseict agaibh a mheasadh
- Luach an airgid a tha ga shealltainn leis a' phròiseict
- Mar a tha sibh a' coileanadh dleastanasan sòisealta

Gheibhear stiùireadh nas mionaidiche air mar a thèid iarrtas a mheasadh [air làrach-lìn Bòrd na Gàidhlig](#).

Riaghailtean airson Phròiseactan

Cò dh' fhaodas tagradh a chur a-steach?

Faodaidh buidheann no neach fa-leth sam bith bruidhinn rinn aig Bòrd na Gàidhlig uair sam bith air pròiseact le amas air iarrtas a chur a-steach.

Tha sinn a' moladh ma tha sibh airson iarrtas a chur a-steach gu bheil sibh toirt sùil air na [sgeamaichean taic-airgid eile againn](#) sa chiad dol a-mach air eagal is gun ghabh taic a chumail ris a' phròiseict tro sgeama.

Mar pàirt den pròiseas measaidh, feumaidh bonn-stèidh a bhith aig buidhnean agus cunntas banca air an cumail ann an ainm a' bhuidheann.

Feumaidh cunntas-banca san RA a bhith agaibh cuideachd, fo ainm na buidhne/neach a tha cur an iarrtas a-steach, nuair a tha sibh a' cur an iarrtais a-steach. Mur eil cunntas den a leithid agaibh is sibh an sàs ann am pròiseas cunntas banca ùr fhosgladh, chan urrainn dhan bhuidhinn agaibh iarrtas a chur a-steach. Bu chòir dhuibh sùil a thoirt air an [stiùireadh againn air cunntasan banca](#) airson tuilleadh fiosrachaidh.

Clàr-ama a' Phròiseict

Tha Bòrd na Gàidhlig toilichte beachdachadh air pròiseactan a tha tòiseachadh tron bhliadhna. Mar as àbhaist chan eilear toirt seachad ach maoineachadh airson aon bliadhna airson iarrtas taic-airgid, ach ma tha am buidheann air aonta taic-airgid Bòrd na Gàidhlig a choileanadh gu soirbheachail airson na phròiseict roimhe.

Tha sinn a' moladh gu bheil sibh bruidhinn ri Bòrd na Gàidhlig co-dhiù dà mhìos ron a tha sibh an dùil gun tòisich a' phròiseict gus ùine gu leòr fhàgail airson am pròiseas iarrtas.

Ìrean taic-airgid

Tha na tabhartasan coitcheann againn air taic a' chumail ri phròiseactan de iomadh diofar mheudan, agus mar sin chan eil ìre as lugha no as àirde de phròiseict a dh' fhaodas beachdachadh air. Tha sinn cuingichte a thaobh buidseat ged-tà air na ghabhas a thabhann, is bu chòir dhuibh a bhith mothachail air a seo.

Thèid fiosrachadh iarraidh air cosgaisean slàn a' phròiseict agus an t-suim a thathar an dùil a bhios a dhìth bho Bòrd na Gàidhlig mar pàirt de na chiad còmhraidhean air a' phròiseict, gus measadh a dhèanamh an ghabh taic-airgid a chumail ris.

Mar as trice tha Bòrd na Gàidhlig a' cumail taic ri phròiseactan **suas ri 80% de chosgaisean a' phròiseict**, agus a' moladh taic-airgid a' lorg bho buidhnean-maoineachaidh eile no taic neo-ionmhasail a chlàradh a dh' ionnsaigh cosgaisean a' phròiseict.

Ann an suidheachaidhean sònraichte, ged tà dh'fhaodadh gum faigh pròiseactan ìre taic nas àirde ma thathar an dùil gum bi am pròiseact a' toirt seachad buannachdan ro-innleachdail follaiseach ann a bhith libhrigeadh Plana Chorporra a' Bhùird no am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig agus mar sin bidh e toirt seachad luach an airgid iomchaidh.

Tha gach pròiseact air am maoineachadh air stèidh rèidh, agus ma tha taic-airgid Bòrd na Gàidhlig ann nach deach a chleachdadh air pròiseact gun tèid sin tilleadh thugainn.

Bhithear an dùil gum bi pròiseactan a tha air taic fhaighinn bho Bòrd na Gàidhlig a-cheana a' sealltainn adhartas ann an luach an airgid agus àbhaisteachadh na Gàidhlig ann an obair na buidhne thairis air iarrtasan a bh' ann a-cheana, agus bu chòir gum bithear an dùil taic-airgid fhaighinn air slighe a tha lùghdachadh.

Bu chòir dhuibh dèanamh cinnteach nach eil teachd-a-steach tro sgeamaichean maoin eachaidh eile, Maoin nan Ealan Gàidhlig air a ruith le Fèisean nan Gàidheal, Maoin nan Tabhartasan Beaga aig Seachdain na Gàidhlig no [Buidhnean Com-pàirteach Libhrigidh Bhòrd na Gàidhlig](#) air a chleachdadh airson cosgaisean sam bith a phàigheadh dhan phròiseact. Dh' fhaodadh sinn cuideachd an iarrtas agad a dhiùltadh, suim tabhartas agaibh ìsleachadh no dhiùltadh pàirt de phròiseact a mhaoineachadh nam biodh seo pàigheadh buidheann airson cosgaisean a tha air a mhaoineachadh leinn mar thà. Chan fhaod tabhartas a tha air a thabhann tron sgeama seo do bhuidheann a tha faighinn taic tron Sgeama Oifigearan Gàidhlig againn a bhith air a chleachdadh airson cosgaisean luchd-obrach.

Bu chòir gach pròiseact a tha a' pàigheadh tuarastalan no cìsean dhan fheadhainn a tha a' libhrigeadh a' phròiseict a bhith a' pàigheadh co-dhiù [Tuarastal Bith-beò fìor \(a tha £13.45 san uair an-dràsta\)](#) agus ìrean pàighidh gnìomhachais iomchaidh. Ma tha sibh a' cleachdadh ìrean pàighidh gnìomhachais anns na figearan agaibh, nach cuir sibh fios a-steach dhan iarrtas air cò a shuidhich na h-ìrean agus ceangal ann gus am fiosrachadh a lorg.

Tha cosgaisean neo-ionmhasail/saor-thoileach ceadaichte mar phàirt de chosgaisean iomlan a' phròiseict. Faodar taic neo-ionmhasail airson ùine air a thoirt seachad gu saor-thoileach a thuairmse le luach de cho-dhiù am Fìor Thuarastal Bith-beò no tuarastal gnìomhachais iomchaidh, ma tha sin ri fhaighinn, is bu chòir seo a bhith air ainmeachadh sa bhuidseat an dà chuid mar theachd-a-steach agus cosgaisean.

Cha bhi sinn a' cur taic ri cosgaisean pròiseact ri linn:

- Cosgaisean ri linn cur air dòigh, frithealadh no pàirt a ghabhail sa Mhòd Nàiseanta Rìoghail no Mòdan Ionadail
- Gnìomhan/tachartais aig Fèisean a tha air am maoin eachadh le tabhartas Fhèisean nan Gàidheal
- Siubhal air itealan (ach airson pròiseactan ri linn Cholmcille)
- Cosgaisean uidheamachd thairis air £500 gu h-iomlan
- Duaisean co-fharpaisean
- Libhrigeadh curraicealam na sgoile
- Seiseanan tràth-bhliadhnaichean cunbhalach
- Gnothaichean pàrtaidh poileataigeach

Sgrùdadh is measadh air a' phròiseact

Ma tha an t-iarrtas agaibh soirbheachail, bidh agaibh ri sgrùdadh is measadh a dhèanamh air mar a thèid am pròiseact agaibh a libhrigeadh agus a' bhuidheann aige a shealltainn sna h-aithisgean a thèid iarraidh oirbh. Aig a' char as lugha, bidh sinn ag iarraidh oirbh clàradh cia mheud duine a tha a' gabhail pàirt sa phròiseact agus faighneachd de chom-pàirtichean (no sampall de na chom-pàirtichean airson tachartasan/pròiseactan mòra) airson fios fhaighinn air beachdan aca air buaidh am pròiseact air an cleachdadh, ionnsachadh no beachd aca den Ghàidhlig.

Thèid iarraidh oirbh san fhoirm-iarrtais mar a bhios sibh an dùil sgrùdadh a dhèanamh air a' phròiseas, dè na thargaidean a bhios sibh a' cleachdadh gus measadh an robh am pròiseact soirbheachail is mar a bhios sibh a' trusadh fiosrachaidh bho chom-pàirtichean.

Feumar aithisg dheireannach a chur a-steach airson gach pròiseact a thèid a mhaoineachadh, agus ma tha dùil gum bi am pròiseact agaibh a' maireachdainn nas fhaide na 12 mìosan, feumaidh sibh aithisg adhartais a chur a-steach mu letheach slighe tro fhaid a' phròiseict agaibh. Dh' fhaodadh gun iarr sinn aithisgean adhartais a bharrachd oirbh ma tha sinn den bheachd gu bheil sin a dhìth.

Anns na h-aithisgean agaibh, thèid iarraidh oirbh iomradh a thoirt seachad air gnìomhan, mìneachadh a thoirt seachad air atharrachaidhean sam bith dhan phròiseact bho na chaidh ainmeachadh san iarrtas, fiosrachadh a thoirt seachad mar a tha sibh a' coileanadh targaidean is cumhaichean san litir-tairgse agaibh, iomradh a thoirt air teachd-a-steach is cosgaisean na phròiseact is fianais ri linn seo, agus cuideachd airson dearbhadh mar a tha sibh a' coileanadh riatanasan Obair Cothromach.

Bidh e comasach dhuibh na h-aithisgean a chur a-steach tro [phortal iarrtasan Fluxx aig https://bng.fluxx.io](https://bng.fluxx.io), agus bidh e comasach seo fhaicinn ma tha an t-iarrtas agaibh soirbheachail.

Ciamar a thèid sinn ar phàigheadh?

Ma tha an t-iarrtas agaibh soirbheachail, pàighidh sinn suim den tabhartas thugaibh aig tòiseach a' phròiseict as dèidh dhuibh ur n-aonta ris an tabhartas a shoidhneadh is tilleadh thugainn is cumhaichean sam bith eile a tha sinn a' cur oirbh a choileanadh, leithid aithisgean dheireannaich airson seann tabhartasan a chur a-steach. Gheibh sibh pàighidhean a bharrachd nuair a tha sibh a' cur a-steach aithisgean adhartais no dheireannaich thugainn.

Bidh suimeannan na pàighidhean seo a-rèir feumalachdan a' phròiseict agaibh, ach mar as trice airson pròiseactan a bhios maireachdainn suas ri 12 mìosan thèid 80% den tabhartas a phàigheadh thugaibh aig tòiseach a' phròiseict is suas ri 20% air a phàigheadh as dèidh dhuibh an aithisg dheireannaich agaibh a chur a-steach, is airson pròiseactan nas fhaide na 12 mìosan gheibh sibh 40% den tabhartas aig tòiseach a' phròiseict, 50% den tabhartas as dèidh dhuibh an aithisg adhartais a chur a-steach mu letheach slighe tron phròiseict, is suas ri 10% as dèidh dhuibh an aithisg dheireannaich a chur a-steach.

Bitheamh mothachail gu bheil pròiseactan air a mhaoineachadh air stèidh rèidh a thaobh ionmhais, mar sin bidh agaibh ri maoineachadh Bòrd na Gàidhlig sam bith nach deach a chosg air a' phròiseact a thilleadh, is faodaidh sinn suimeannan na pàighidhean atharrachadh mur eil e coltach gum bi an suim iomlan a dhìth oirbh.

Ag aithneachadh taic

Mar bhuidheann phoblach, tha e cudromach dhuinn gu bheil fios aig a' phoball air mar a tha sinn a' cleachdadh ar cuid airgid, is mar sin tha e cudromach gu bheil sibh ag aithneachadh gun tug Bòrd na Gàidhlig taic-airgid dhan phròiseact agaibh (far a bheil sin iomchaidh). Ma tha an t-iarrtas agaibh soirbheachail, bidh dleastanas oirbh an taic-airgid againn aithneachadh ann an diofar dhòighean tron phròiseact is fios a thoirt seachad dhuinn sna h-aithisgean agaibh air mar a rinn sibh seo.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, nach toir sibh sùil air an [Stiùireadh Aithneachaidh is Stiùireadh Brannd](#) air an làrach-lìn againn.

Dleastanasan Sòisealta

Tha dleastanasan aig Bòrd na Gàidhlig gus cur air adhart deagh chleachdadh ann a bhith:

- A' lùghdachadh buaidh air an àrainneachd
- A' brosnachadh co-ionannachd chothroman do dhaoine le feart dìonta a rèir Achd Co-Ionannachd 2010
- A' brosnachadh chothroman do dhaoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram a rèir Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2014

Bu mhath leinn gum bi na buidhnean is pròiseactan a tha a' faighinn maoinachadh bhuiainn cuideachd a' cur ris na h-amasan seo, is bidh sinn ag iarraidh oirbh san fhoirm-iarrtais mar a tha sibh an dùil gum bi am pròiseact agaibh a' dèanamh seo.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, nach leugh sibh fiosrachadh tro na ceanglaichean gu h-ìosal:

- [Fiosrachadh air àireamhachadh is lùghdachadh eimiseanan carbon bho Cultar airson Clìomaid Alba](#)
- [Fiosrachadh mu na feartan dìonta a rèir Achd Co-Ionannachd 2010](#)
- [Mu dheidhinn Pàrantan Corporra agus cumail taic ri clann a tha air a bhith ann an cùram](#)

Obair Chothromach

Feumaidh buidhnean a tha a' faighinn maoinachadh poblach ann an Alba cumail ri poileasaidh Obair Chothromach aig Riaghaltas na h-Alba, agus mar sin **feumaidh** iad:

- Co-dhiù am fìor Thuarastal Beò a phàigheadh; agus
- Dòighean iomchaidh airson guth luchd-obrach èifeachdach, leithid aithneachadh aonaidhean-ciùird, a chruthachadh

Thèid iarraidh oirbh mar phàirt den tagradh agus an aithris agaibh dearbhadh gu bheil sibh a' cumail ris a' phoileasaidh agus fianais a thoirt seachad gun do rinn sibh sin.

Tha [tuilleadh stiùireadh air mar a tha sinne aig Bòrd na Gàidhlig a' cur an gnìomh poileasaidh Obair Cothromach ri fhaighinn an seo](#), is tha [stiùireadh bho Riaghaltas na h-Alba air am poileasaidh ri fhaighinn an seo](#).

A' dìon buidhnean so-leònte

Ma bhios am pròiseact agaibh ag obair le clann, inbhich air a dhìon no an dà chuid, feumaidh sibh a dhearbhadh gu bheil neach sam bith a tha ag obair ann an "[ròl riaghlaichte](#)" na bhall den sgeama [Dion nam Buidhnean So-leònte \(PVG\)](#), is seo na dleastanas laghail.

Bitheamh mothachail airson cuid de bhuidhnean a tha ag obair a-mhàin le chlann no inbhich so-leònte, gur dòcha gun fheum buill a' chomataidh/urrasairean ballrachd PVG airson na buidhne.

Thèid iarraidh oirbh mar phàirt den iarrtas ma tha sibh an dùil a bhith ag obair le clann no inbhich so-leònte mar phàirt den phròiseact agaibh, is a dhearbhadh mar a bhios sibh an dùil na dleastanasan seo a choileanadh. Gur dòcha gun tèid an iarrtas agaibh a dhiùltadh mur eil e soilleir gum bi sibh a' coileanadh dleastanasan laghail a th' oirbh.

Ma tha ceistean sam bith agaibh air mar a bhios seo a' buntainn ribh, cuiribh fios thugainn cho luath sa ghabhas aig tabhartas@gaidhlig.scot.

Smachdachadh Subsadaidh

Mar bhuidheann poblach, feumaidh Bòrd na Gàidhlig a bhith leantainn riaghailtean smachdachaidh subsadaidh a tha tighinn fo Achd Smachdachaidh Subsadaidh 2022 agus an Aonta Malairt is Co-obrachaidh eadar Riaghaltas an RA is an t-Aonadh Eòrpach. [Gheibhear barrachd fiosrachaidh air làrach-lìn Riaghaltas an RA.](#)

Mar phàirt de mheasadh air an iarrtas agaibh, bidh againn a bhith measadh nam biodh an tabhartas na subsadaidh agus cuiridh sinn ceistean oirbh san foirm-iarrtais airson ar chuideachadh co-dhùnadh a ruighinn air a seo.

Ma tha sibh faighinn tabhartas a tha air a mheasadh mar subsadaidh, bidh agaibh a bhith leantainn riaghailtean smachdachaidh subsadaidh, le tuilleadh stiùireadh ri fhaighinn aig an ìre sin.

A' cur iarrtas a-steach

Bu chòir dhuibh fios a chur gu Bòrd na Gàidhlig tro phost-d gu tabhartas@gaidhlig.scot cho luath is a tha beachd agaibh airson pròiseact a tha sibh smaointinn a bhios freagarrach airson taic-airgid fhaighinn bho Bòrd na Gàidhlig.

Bruidhinnidh oifigear ribh air beachd a' phròiseict agaibh agus thèid co-dhùnadh a dhèanamh ma tha e freagarrach airson taic-airgid. Ma tha oifigearan den bheachd gu bheil am pròiseact freagarrach, thèid cuireadh a thoirt dhuibh iarrtas a chur a-steach

Bu chòir dhuibh iarrtas a chur a-steach tro phortal iarrtasan Fluxx aig bng.fluxx.io. Faodaidh sibh cunntas a chruthachadh saor 's an-asgaidh air an làraich-lìn sin is tha e comasach an t-adhartas agaibh leis an iarrtas a shàbhaladh fhad 's a tha sibh ag obair air. Faodaidh sibh gach faidhle-taic a chur a-steach tron phortal.

Ma tha duilgheadasan sam bith agaibh leis a' phortal, ma tha sibh airson na faidhlichean iarrtais fhaighinn ann an cruth eadar-dhealaichte, no ma tha ceistean sam bith agaibh a thaobh an iarrtais nach cuir sibh post-d thugainn cho luath sa ghabhas aig tabhartas@gaidhlig.scot.

Faidhlichean-taic riatanach

Nuair a tha sibh a' cur an iarrtais a-steach, ach a-mhàin ma tha sibh a' cur iarrtas a-steach às leth sgoile, feumaidh sibh na faidhlichean-taic riatanach a leanas a chur còmhla ris:

Buidhnean

Riatanach

- Bonn-stèidh no Meòrachan agus Artaigilean Companaidh
- Na cunntasan bliadhnaile mu dheireadh (mur eil sibh na buidheann a chaidh stèidheachadh o chionn goirid)
- Aithris banca bho na trì mìosan mu dheireadh, no ma tha sibh air cunntas banca ùr fhosgladh san ùine sin, litir a tha dearbhadh gun deach seo fhosgladh
- Poileasaidh Dìon Chloinne no Barantachaidh (ma tha clann no inbhich so-leònte an sàs sa phròiseact)

- Liosta de Bhuill a' Bhùird no Comataidh (ach a-mhàin airson companaidhean clàraichte)

Air am moladh (ma tha iad agaibh)

- An Aithisg Bhliadhnail mu dheireadh
- Poileasaidh Gàidhlig
- Poileasaidh co-ionannachd chothroman no Poileasaidh co-ionannachd, iomadachd is in-ghabhaltachd
- Poileasaidh no aithris àrainneachd

Daoine fa-leth

Riathanach

- Cunntas-beatha
- Eisimpleirean de dh' obair a rinn sibh a-cheana
- Poileasaidh Dìon Chloinne no Barantachaidh (ma tha clann no inbhich so-leònte an sàs sa phròiseact)
- Aithris banca bho na trì mìosan mu dheireadh, no ma tha sibh air cunntas banca ùr fhosgladh san ùine sin, litir a tha dearbhadh gun deach seo fhosgladh
- Litir(ichean)-taic bho buidheann sa choimhearsnachd airson na phròiseact

Mur eil na sgrìobhainnean a bharrachd a tha a dhìth air an cur a-steach còmhla ri iarrtas (ach a-mhàin mas e iarrtas as leth sgoil a th' ann), bidh an t-iarrtas neo-cheadaichte agus cha tèid a mheasadh.

Mar a thèid an iarrtas agaibh a làimhseachadh

Gheibh sibh post-d fèin-obrachail bhon phortal Fluxx a' dearbhadh gun d' fhuair sinn an t-iarrtas agaibh. Mur eil sibh air seo fhaighinn, dèanaibh cinnteach gu bheil sibh air an t-iarrtas agaibh a chur a-steach is nach eil sibh dìreach air a shàbhaladh.

Thèid sgrùdadh a dhèanamh air iarrtasan nuair a thig iad a-steach le oifigearan Bhòrd na Gàidhlig gu dearbhadh gu bheil iad a' leantainn riaghailtean na maoinne agus gu bheil iad a' toirt seachad an fhiosrachaidh a tha a dhìth. Ma thathar den bheachd nach eil an t-iarrtas agaibh ceadaichte air adhbhar teicnigeach, thèid iarraidh oirbh seo a chur ceart (ma thathar den bheachd gu bheil seo comasach). Mur eil an t-iarrtas agaibh gu tur a' leantainn riaghailtean na maoinne **taobh a-staigh dà sheachdain bhon a chaidh sin iarraidh oirbh** dh'fhaodte gun tèid an t-iarrtas agaibh a dhiùltadh gun mheasadh.

Dh'fhaodadh gun iarr Bòrd na Gàidhlig tuilleadh fiosrachaidh no mìneachadh air fiosrachadh mu dheidhinn a' phròiseict mar phàirt den phròiseas measaidh. Mur an tèid am fiosrachadh seo a thoirt seachad taobh a-staigh 10 làithean-obrach, tha sinn a' glèidheadh na còrach gum faod sinn an t-iarrtas agad a dhiùltadh.

Thèid gach iarrtas ceadaichte a mheasadh le pannal de dh' oifigearan aig Bòrd na Gàidhlig a rèir [an stiùireadh-measaidh](#), agus cuiridh iad molaidhean do Sgioba-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a nì an co-dhùnadh air na h-iarrtasan. Ma tha an Sgioba Stiùiridh a' moladh taic-airgid nas àirde na £50,000 a thabhann feumaidh an iarrtas cuideachd a bhith aontachadh leis a' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan aig a' Bhòrd, agus ma am moladh ann airson nas àirde na £100,000 feumaidh an iarrtas a bhith air aontachadh leis a' Bhòrd-stiùiridh.

Tha sinn an dùil gun tèid innse dhuibh mu cho-dhùnaidhean air an iarrtas agaibh le phost-d taobh-a-staigh ochd seachdain bhon a chaidh iarrtas dheireannaich coileanta a chur a-steach, ach ma tha aonta bho Chomataidh Poileasaidh is Goireasan no Bòrd-stiùiridh a dhìth, is ma tha seo a dhìth thèid comhairle a thoirt dhuibh a thaobh clàr-ama airson co-dhùnadh.

Ma thèid taic a thabhanh dhuibh, thèid litir taic-airgid a chur thugaibh tro Docusign dhan neach-sgrìobhaidh ainmichte agaibh (no luchd-sgrìobhaidh ma tha sibh nar buidheann le luchd-obrach agus gum feum sibh Dearbhadh Obrach Chothromaich a lìonadh). Bidh suas ri 30 latha agaibh gus gabhail ris an tairgse (is cumhaichean taic-airgid coitcheann, a tha ri fhaighinn an seo) no thèid an tairgse taic-airgid a thoirt air ais. Thèid foirm fios banca a chur leis an litir-tairgse cuideachd airson a' lìonadh is dearbhadh am fiosrachadh gus ur pàigheadh.

Mur eil sibh riarachta le co-dhùnadh air an iarrtas agaibh, ged nach eil pròiseas ath-thagrachd againn faodaidh tu gearain a chur a-steach ma tha thu den bheach nach deach dèiligeadh ris an iarrtas agad a-rèir an stiùireadh 'sa is an stiùireadh-measaidh. Airson tuilleadh fiosrachaidh, [tha ar modhan gus dèiligeadh ri ghearanan ri fhaighinn an seo](#).

Tuilleadh fiosrachaidh

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun mhaoin seo, tadhail air [làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig](#) no cuiribh fios gu tabhartas@gaidhlig.scot.

Faodaidh tu cuideachd sùil a thoirt air [freagairtean ri cheistean cumanta](#) mu dheidhinn a' mhaoin eachaidh againn air an làraich-lìn againn.

Gheibhear fiosrachadh mu [phrìobhaideachd a thaobh ar sgeamaichean maoineachaidh air an làraich-lìn againn](#) agus bidh agaibh a dhearbhadh aig ìre an iarrtas a chur a-steach gu bheil sibh air seo a leughadh is gabhail ris – gu sònraichte ri linn mar a thèid fiosrachadh mun tabhartas agaibh fhoillseachadh ma tha sibh soirbheachail, is na riatanasan oirnn fo Achd Saorsa Fiosrachaidh (Alba) 2002.

Gheibhear cruthan eadar-dhealaichte den stiùireadh seo is de dh'fhoirmichean-iarrtas ma tha sibh ag iarraidh agus dh' fhaodadh gun tèid iad air fhoillseachadh aig:

<https://www.gaidhlig.scot/gd/maoineachaidh/cothroman-maoineachaidh/tabhartasan-coitcheann/>

Eachdraidh Faidhle

v1 – 30 Giblean 2026 – Air fhoillseachadh